



Teisteanais
Nàiseanta
2026

X832/77/11

Àrd-Ìre Adhartach

DIMÀIRT, 5 CÈITEAN

9:00 M – 10:30 M

**Gàidhlig
Sgrùdadh**

Gàidhlig Practical Criticism

Comharran gu lèir — 30

Leugh Teacsa 1 agus Teacsa 2 agus feuch na ceistean UILE.

Sgrìobh do fhreagairtean gu soilleir ann an leabhran nam freagairtean. Ann an leabhran nam freagairtean feumaidh tu àireamh na ceiste a tha thu a' freagairt a chomharrachadh gu soilleir.

Cleachd inc **gorm** no **dubh**.

Feumaidh tu leabhran nam freagairtean fhàgail air an deasg agad; mura dèan thu sin, dh'fhaodadh tu na comharran gu lèir airson a' phàipeir seo a chall.



* X 8 3 2 7 7 1 1 *

Teacsa 1 — Ficsean: Bàrdachd

Sgrìobh Calum MacDhòmhnaill à Uibhist a Tuath an t-òran seo fhad 's a bha e ann am mòr-bhaile Lunnainn. Anns a' bhàrdachd tha am bàrd a' beachdachadh air beatha ann am mòr-bhailtean an t-saoghail.

Abhainn an t-Sluaigh

Chan eil an t-adhar os cionn Lunnainn
A-nochd soilleir no dorch

Gun sgeul air coinneal mòr latha
No reultan na h-oidhche

- 5 An seo 's am baile gun chadal
Gun fhois is gun saorsa

Casan a' gluasad
An abhainn an tuil

- 10 Na cuibhlichean 's cabhag
A' tionndadh gun sgur

Cus ag adhradh beartas
Air altair an t-saoghail

Càch gun dòchas, gun dachaigh
Air sràidean gun ghaol

- 15 Leis gach dath is gach creideamh
Gach cainnt às gach ceàrn

Gach ceist is gach freagairt
Sìos an abhainn gu cuan

- 20 Fada bho abhainn an t-sluaigh
Fada bho abhainn an t-sluaigh

Abhainn an t-Sluaigh le Calum MacDhòmhnaill

*ag adhradh — a' toirt seachad gaol is moladh creidmheach

Ceistean

Freagair na ceistean a leanas nad fhacail fhèin agus le bhith a' cleachdadh fianais às a' bhàrdachd far a bheil sin iomchaidh.

1. Coimhead air loidhnichean 1–4. Le bhith a' cleachdadh fianais, mìnich mar a tha am bàrd a' cur taghadh-facail agus ìomhaigheachd gu feum gus dealbh de mhòr-bhaile a thogail. 2
2. Coimhead air loidhnichean 5–10. Seall, le fianais, mar a tha am bàrd a' cleachdadh diofar sgilean-sgrìobhaidh gus tòna an-fhoiseil a chruthachadh. Buail air na leanas: ath-aithris, ìomhaigheachd, uaim. 3
3. Coimhead air loidhnichean 11–12. Seall, le fianais, mar a tha am bàrd a' cur taghadh-facail agus ìomhaigheachd gu feum gus a bheachd a thoirt air luchd-obrach a' bhaile mhòir. 2
4. Coimhead air loidhnichean 11–14. Le bhith a' cleachdadh fianais, seall mar a tha am bàrd a' cleachdadh coimeas gus a bheachd air suidheachadh eaconamaigeach a' bhaile mhòir a thoirt seachad. 2
5. Coimhead air loidhnichean 15–16. Seall, le fianais, mar a tha am bàrd a' cleachdadh sgilean-sgrìobhaidh gus innse mu mhuinntir a' bhaile mhòir. 2
6. Coimhead air loidhnichean 17–18. Tha an rann seo mar cho-dhùnadh dha sealladh a' bhàird air a' bhaile mhòr. Le bhith a' togail air fianais, inns nad bheachd-sa dè as ciall dhan rann seo. 2
7. Coimhead air loidhnichean 19–20. Tha a' bhàrdachd a' tighinn gu crìch leis na loidhnichean '*Fada bho abhainn an t-sluaigh*'. Nad bheachd-sa, dè an teachdaireachd a tha a' tighinn an cois nam faclan seo? 1
8. Nad bheachd-sa, dè cho cothromach 's a tha am bàrd? Inns carson a tha thu den bheachd sin. 1

[Tionndaidh an duilleag

Teacsa 2 — Neo-fhicsean: Rosg

Chan eil fhios a'm mu ur deidhinn-sa, ach thòisich an obair ghàirnealarachd againn gu ceart an t-seachdain seo. Oir tha blàths na Càisg' air tighinn agus le sin tha am feur, còmhla ris a h-uile rud eile, a' fàs! Mothachail 's gu bheil mi nach eil gàrradh aig a h-uile duine, tha gluasad a-nis ann am poball a mhisneachadh gus nas urrainn dhaibh fhàs ann am poitean ann an uinneagan is taobh

5 a-muigh an dorais. Bha mi fhìn ann am flat ùine mhath, agus tha e a' toirt tlachd dhut rudan beò, uaine fhàs. Aig a' char as lugha tha e a' toirt ceangal beag dhut ris an talamh.

Tha fhios a'm cuideachd nach eil a h-uile duine dèidheil air gàirnealarachd. Chan eil na mi fhìn gu ìre, ged a dh'fhàsas (!) e ort. Oir tha obair is tàire gu leòr ann! Carson a tha am feur a' fàs cho luath? Carson a tha am pìos ud den ghàrradh cho cas, agus mi ann an cunnart sleamhnachadh a

10 h-uile turas a dh'fheuchas mi am feur a ghearradh an sin? Agus co-dhiù, dè bu chòir a chleachdadh? An corran no an speal airson a bhith anns an t-seann nòs, no an striomair grod ud a tha a' dèanamh fuaime uabhasach?

Tha fhios a'm gu bheil cleachdadh anns na làithean seo air an toir iad 'No-Mow' — gun a bhith a' gearradh an fheòir. Cothrom a thoirt dhan àrainneachd fàs gu nàdarra, cothrom a thoirt dha na seilleanan agus dha na biastagan beaga bòidheach a bhith beò anns a' ghàrradh. Oir, ma tha tha a h-uile rud air a lomadh air ais gu làr, tha sin mar gun rachadh sinn fhèin dhan mhòr-bhùth agus gum biodh na sgeilpichean falamh! Ach saoilidh mi gu bheil diofar mòr eadar 'No-Mow' agus mì-rian. Chan eil e a' ciallachadh feur a bhith suas gu d' achlais agus gach sgudal eile fhàgail na mheadhan. Tha e a' ciallachadh, saoilidh mi, pìosan den ghàrradh fhàgail cho nàdarra agus as

20 urrainn dhuinn.

Tha fhios a'm, gu h-eachdraidheil, gu bheil dàimh àraid (no nàimhdeil?) air a bhith eadar 'Gàirnealarachd' agus 'Tuathanachas'. Chaidh am fear mu dheireadh fhaicinn mar rud "làn-ùine" no "riatanach" no "proifeiseanta", co-cheangailte ri beòshlaint, fhad 's a bha 'Gàirnealarachd' air fhaicinn mar chur-seachad. Chan eil fhios a'm dè cho ceart no cho cothromach 's a tha sin. Tha

25 amharas agam gu bheil na crìochan eadar na dhà gu math sùbailte, agus gu bheil iad nan càirdean seach nan nàimhdean. Tha e a' dùsgadh na seann cheist mun cheangal eadar feum is taghadh. Eadar an rud a tha 'riatanach' agus an rud a tha 'roghainneil'. Agus ciamar a tha sinn a' tomhas sin?

Faodaidh sinn coimhead air a' cheist sin ann an seagh nas fharsainghe. A bheil e riatanach no roghainneil biadh ithe? Uisge òl? Fasgadh fhaighinn? Riatanach. Ach an uair sin tha thu a' tighinn gu gnothaichean eile, agus tha mi a' creidsinn gu bheil sin a rèir an neach fhèin. A bheil e riatanach no roghainneil comas leughaidh a bhith agad? Fòn-làimhe? Gàidhlig? Tha mi a' creidsinn, aig a' cheann thall, nach eil gin dhiubh 'riatanach'. Tha mi cinnteach gum b' urrainn dhuinn a bhith "beò" às an aonais, ach bhiodh ar beatha na bu luime agus na bu thruaighe. Oir, gu diofar

35 ìrean, tha iad uile a' toirt tlachd is foghlam is feum is ionnsachadh is cothrom dhuinn. An aon rud le gàirnealarachd. Tha e an dà chiud riatanach agus roghainneil. Tha buntàta againn sa ghàrradh agus tha sin na thlachd a bharrachd air a bhith na bhiadh.

Mar sin, a-mach leibh dhan ghàrradh! Agus, mura h-eil gàrradh agaibh, dè mu dheidhinn poit bheag fhaighinn agus rudeigin fhàs innte? Air neo, aig a' char as lugha, a-mach leibh dhan dùthaich a dh'fhaicinn mar a tha planntaichean de gach seòrsa (fhathast, a dh'aindeoin truailleadh na cruinne) a' fàs.

40

Ceistean

Freagair na ceistean a leanas nad fhacail fhèin agus le bhith a' cleachdadh fianais às a' bhàrdachd far a bheil sin iomchaidh.

- | | | |
|-----|---|---|
| 9. | Coimhead air loidhnichean 1 gu 6. Inns nad fhaclan fhèin carson a tha an sgrìobhadair den bheachd gur e rud cudromach a th' ann an gàirnealarachd. | 2 |
| 10. | Coimhead air loidhnichean 13 gu 20. Inns nad fhaclan fhèin am beachd a tha aig an sgrìobhadair air 'No-Mow'. | 2 |
| 11. | Coimhead air loidhnichean 13 gu 28. Seall, le eisimpleirean às an teacsa, mar a tha an sgrìobhadair a' cur ìomhaigheachd gu feum. | 2 |
| 12. | Seall, le eisimpleirean às an teacsa air fad, mar a tha an sgrìobhadair a' cur uaim gu feum. | 2 |
| 13. | Seall, le eisimpleirean às an teacsa air fad, mar a tha an sgrìobhadair a' cleachdadh structar-seantans airson cuideam a chur air diofar phuingean a tha e a' togail. | 3 |
| 14. | Seall, le eisimpleirean, mar a tha an sgrìobhadair a' cleachdadh stoidhle-aithris gus artaigil èifeachdach a chruthachadh. Na tog air freagairtean a chleachd thu roimhe. | 3 |
| 15. | Nad bheachd-sa, dè an teachdaireachd as cudromaiche a tha a' tighinn às an artaigil seo? | 1 |

[CRÌOCH A' PHÀIPEIR]

[DUILLEAG BHÀN]

NA SGRÌOBH AIR AN DUILLEIG SEO

[DUILLEAG BHÀN]

NA SGRÌOBH AIR AN DUILLEIG SEO

[DUILLEAG BHÀN]

NA SGRÌOBH AIR AN DUILLEIG SEO

Aithneachadh air Còir-lethbhreac

Text 1 — Text is adapted from the song *Abhainn an t-Sluaigh*, by Runrig from *The Big Wheel Album*, 1999, written by R. and D. MacDonald.

Qualifications Scotland has made every effort to trace the owners of copyright of this item and seek permissions. We are happy to discuss permission requirements and incorporate any missing acknowledgement. Please contact question.papers@qualifications.gov.scot.

Text 2 — Text is adapted from Angus Peter Campbell's column in the West Highland Free Press. Published by West Highland Free Press, November 2021.

Qualifications Scotland has made every effort to trace the owners of copyright of this item and seek permissions. We are happy to discuss permission requirements and incorporate any missing acknowledgement. Please contact question.papers@qualifications.gov.scot.